

Anailis Mhionaideach air na Freagairtean Co-chomhairle

1. Chaidh sreath cheistean fhaighneachd agus fhuair luchd-freagairt cothrom am beachdan a sgrìobhadh nam faclan fhèin às dèidh gach ceiste. Tha anailis de na freagairtean gu h-ìosal.

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh faicsinneachd na Gàidhlig?

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	73	59%
Ag aontachadh	27	22%
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	2	2%
Chan eil mi ag aontachadh	3	2%
Chan eil mi ag aontachadh idir	18	15%
Cha deach seo a fhreagairt	1	0%

Beachd air ais:

2. Bha taic làidir ann don raon seo le 81% den luchd-fhreagairt ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr ris a' phlana againn agus na geallaidhean a th' ann.
3. Thog mòran den luchd-freagairt cho cudromach 's a tha faicsinneachd airson inbhe a' chànain agus àrdachadh mothachaidh. Bha mòran ga fhaicinn mar phàirt de dh'abhàisteachadh a' chànain.
4. Thug mòran luchd-freagairt iomradh cuideachd air an fheum air spèis cho-ionann a nochdadh don Ghàidhlig a thaobh follaiseachd agus meud. Is e seo ar cleachdadh làithreach.
5. A thaobh faicsinneachd, b' e aon chuspair a nochd tric am feum a bhith a' cur faicsinneachd a' chànain ann an co-theacsa air sgàth cho ìosal 's a tha mothachadh poblach mun Ghàidhlig agus na th' ann de mhì-thuigse ma deidhinn. Bha cuid ag argamaid gun gabhadh togail air na soidhnichean Gàidhlig sa Phàrlamaid gus barrachd co-theacsa agus tuigse air a' chànain a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus do dhaoine nach eil ga bruidhinn, mar eisimpleir an luchd-tadhail aig nach eil mòran eòlais air a' Ghàidhlig no a h-eachdraidh, a tha ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach mu sheirbheisean Gàidhlig na Pàrlamaid no a dh'fhaodadh a bhith airson Gàidhlig ionnsachadh.
6. Bha an fheadhainn a bha an aghaidh faicsinneachd a' ceasnachadh buntainneachd na Gàidhlig agus na cosgaise.

Ar meòrachadh:

7. Tha seo na ghealladh againn mar-thà, agus tha stiùireadh againn a thaobh spèis cho-ionann. Cumaidh sinn oirnn ag obair le co-obraichean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad ga chleachdadh agus ga thuigsinn, a' gabhail a-steach chunradairean:

1	Cuir tuilleadh fiosrachaidh ri stiùiridhean a' bhrannid air cleachdadh na Gàidhlig agus cànanan eile agus thoir a-steach stiùireadh air "co-ionannachd spèis" don Ghàidhlig a thaobh faicsinneachd.
---	---

8. Rannsaichidh sinn dòighean air na soidhnichean againn a chleachdadh mar mhodh air barrachd cùl-fhiosrachaidh a thoirt do luchd-tadhail mun Ghàidhlig a thuilleadh air na geallaidhean sa phlana, agus thèid gealladh ùr a thoirt a-steach:

1a	Rannsaich dòighean air togail air faicsinneachd shoidhnichean a tha san togalach mar-thà mar dhòigh air barrachd co-theacsa agus tuigse mun chànan a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus do dhaoine aig nach eil i. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach còdan QR, postairean, conaltradh-lìn no bileagan a stiùireas daoine do bharrachd fiosrachaidh.	PCO PESO
----	--	-------------

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh luchd-obrach?

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	68	55
Ag aontachadh	33	27
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	1	1
Chan eil mi ag aontachadh	3	2
Chan eil mi ag aontachadh idir	19	15
Cha deach seo a fhreagairt	0	0

Beachd air ais:

9. Bha taic làidir ann don raon seo le 82% ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr.
10. Bha aonta sa chumantas ann mu cho cudromach 's a tha trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig agus taic do thrèanadh sa Ghàidhlig. Bha a' mhòr-chuid a' cur fàilte cuideachd air a bhith ag obair le buidhnean poblach eile gus trèanadh a cho-roinn.
11. Ach, shaoil cuid den luchd-fhreagairt nach robh am plana mionaideach gu leòr a thaobh cothroman trèanaidh agus a thaobh mìneachadh dè bha luchd-obrach "gu leòr" le Gàidhlig a' ciallachadh. Anns an fhreagairt aca mar eisimpleir, thuirt sgioba Gàidhlig Chomhairle nan Eilean Siar:

“Thathar a' faireachdainn, ge-tà, gur dòcha gu bheil beagan fiosrachaidh a dhith a thaobh a bhith a' buileachadh ro-innleachd airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bhiodh e feumail, 's dòcha, iomradh a thoirt air dòighean teagaisg cumanta an seo, mar SpeakGaelic. A bharrachd air sin, thathar a' faireachdainn gu bheil e caran lag a bhith ag ràdh gu bheilear “a' beachdachadh air” buidheann còmhraidh a chur air chois.”

12. A thaobh trèanadh cànan, shaoil grunnan nach robh cùrsaichean a' toirt blasad gu leòr, agus gum bu chòir solar nas fharsainge a lìbhrigeadh gus am fàsadh luchd-obrach fileanta sa Ghàidhlig. Mholadh seo a dhèanamh taobh a-staigh na Pàrlamaid no tro thaic bhon Phàrlamaid gus cùrsaichean taobh a-muigh a fhrithealadh, no measgachadh de na dhà. Dh'iarr cuid barrachd luchd-obrach no stòrais gus seo a choileanadh. Dh'iarr cuid eile barrachd

àiteachan a mhaoineachadh air a' chùrsa air-loidhne [an Cùrsa Inntigidh](#) no cùrsaichean eile den leithid.

13. Thuirt grunn luchd-freagairt bhon taobh a-staigh gum bu toil leotha barrachd fiosrachaidh agus taic a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig agus cothroman coinneachadh ri chèile. Chaidh conaltradh na b' fheàrr taobh a-staigh na Pàrlamaid a mholadh a thaobh cothroman ionnsachaidh Gàidhlig. Chaidh a ràdh cuideachd gum bu chòir solar do luchd-ionnsachaidh a bhith fosgailte don a h-uile duine a tha ag obair sa Phàrlamaid. Thuirt aon neach:

“Is dòcha club lòin airson luchd-ionnsachaidh sa Phàrlamaid gus ionnsachadh a chèile a chuideachadh agus a bhrosnachadh, ge bith an ann tro SpeakGaelic, Duolingo is eile. ’S dòcha club air-loidhne airson luchd-obrach air-loidhne.” Mhol cuideigin eile gum bu chòir do Phàrlamaid na h-Alba beachdachadh air a' Ghàidhlig mar chùis co-ionannachd.

14. Thog an fheadhainn a bha an aghaidh nam molaidhean a thaobh luchd-obrach dragh mun chosgais a dh'fhaodadh a bhith ann.

Ar meòrachadh:

15. Tha e coltach gur e seo a' cheist a thog an ìre a bu mhotha de dh'ùidh anns a' cho-chomhairle. Bheir sinn prìomhachas don cheist mu thrèanadh Gàidhlig nar buileachadh air a' phlana. Bidh solar luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach a h-uile duine a tha ag obair sa Phàrlamaid.

Air an adhbhar seo, bu mhath leinn ar gealladh làithreach 5 a ghluasad bho bhliadhna 2 den phlana gu bliadhna 1 leis cho cudromach 's a tha luchd-freagairt a' meas na cùise:

5	Cruthaich ro-innleachd air an taobh a-staigh airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach stèidheachadh buidheann còmhraidh, a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh Duolingo is msaa.
---	---

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh obrachadh làitheil?

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	69	56%
Ag aontachadh	25	20%
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	5	4%
Chan eil mi ag aontachadh	4	3%
Chan eil mi ag aontachadh idir	18	15%
Cha deach seo a fhreagairt	3	2%

Beachd air ais:

16. Bha taic làidir ann don raon seo le 76% ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr.

17. Fhuair eadh mòran bheachdan anns an raon seo, ach bha mòran dhiubh co-cheangailte ri raointean eile den phlana agus mar sin chaidh beachdachadh orra fo na h-earrannan sin.
18. Thug grunn luchd-freagairt iomradh air cho cudromach 's a tha e cothrom fhaighinn air seirbheisean sa Ghàidhlig agus cho cudromach 's a tha e seo a bhith air a thabhanng gum gnìomhach.
19. Chuir triùir luchd-freagairt fàilte air a' ghealladh leabhraichean Gàidhlig a reic sa bhùth.
20. Thuirt dithis luchd-freagairt gum bu chòir seirbheisean a bhith air an dèanamh freagarrach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (neo-fhileanta) far an gabh sin dèanamh.
21. Thuirt aon neach-freagairt gum bu chòir don BCPA a bhith nas gnìomhaiche a' toirt taic do na Coimiseanairean/luchd-dreuchd leis a' Ghàidhlig oir tha i a' suidheachadh buidseat agus teirmichean is cumhaichean an dreuchd.
22. Thuirt an fheadhainn a bha an aghaidh na h-earrainn seo nach e prìomhachas a bh' ann no cleachdadh math de stòras.

Ar meòrachadh:

23. Thèid beachdachadh air seirbheisean dhaibhsan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig san obair nas fharsainge againn a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig. Faic paragraf 15 gu h-àrd airson barrachd fiosrachaidh. Tha sinn den bheachd gum bi ar gealladh do Luchd-dreuchd air a choileanadh leis na geallaidhean a leanas a dh'fhoillsicheas sinn mar thairgse gnìomhach.

6	Trèanadh ann am mothachadh Gàidhlig ri thabhanng do Luchd-dreuchd agus dhan luchd-obrach aca a gheibh taic BCPA .
13a	Taic do luchd-dreuchd neo-eisimeileach ann an dreuchdan poblach le bhith: <ul style="list-style-type: none"> • A' tabhanng comhairle is cuideachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ma thèid iarraidh le luechd-dreuchd a gheibh taic BCPA

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh conaltradh?

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	74	60%
Ag aontachadh	25	20%
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	5	4%
Chan eil mi ag aontachadh	2	2%
Chan eil mi ag aontachadh idir	17	14%
Cha deach seo a fhreagairt	1	0%

24. Bha taic làidir ann don raon seo le 80% ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr.
25. Chaidh fàilte a chur air na molaidhean airson ar stuthan-conaltraidh Gàidhlig ath-sgrùdadh.
26. Thog ceathrar luchd-freagairt am beachd gu bheil e cudromach gum bi làthaireachd leantainneach aig a' Ghàidhlig air stuthan-conaltraidh corporra leithid fhoillseachaidhean agus nam meadhanan sòisealta gus tar-

bhrosnachadh a dhèanamh comasach agus gus mothachadh a thogail don chànan agus spèis cho-ionann a nochdadh, a bharrachd air sianailean mheadhanan sòisealta Gàidhlig agus stuthan-conaltraidh Gàidhlig eile.

27. A thaobh stuthan-conaltraidh, chuir triùir luchd-freagairt fàilte air ar planaichean airson co-chomhairle a chumail ri coimhearsnachd na Gàidhlig. Chaidh a ràdh cuideachd gum bu chòir a h-uile roinn de choimhearsnachd na Gàidhlig – coimhearsnachdan traidiseanta agus coimhearsnachdan ùra – a riochdachadh ann an stuthan-conaltraidh.
28. Chaidh iomradh a thoirt air mar a dh'fhaodadh na stuthan-conaltraidh againn a bhith feumail do, no frithealadh air, luchd-ionnsachaidh.
29. Thuir an fheadhainn a bha an aghaidh na h-earrainn seo nach e prìomhachas a bh' ann no cleachdadh math de stòras.
30. Dh'fhaighnich sinn ann an ceist air leth mu chiad bheachdan sam bith air stuthan-conaltraidh agus stuthan-lìn ùra a chaidh a ghealltainn sa phlana. Cha d'fhuaras mòran bheachdan, ach thuir an fheadhainn a fhreagair gum bu chòir stuthan Gàidhlig a bhith den aon chàileachd ri stuthan Beurla agus gun robh e cudromach a' Ghàidhlig fhaicinn fhathast air stuthan-conaltraidh eile ann am Beurla aig Pàrlamaid na h-Alba. Mhol aon neach podcast Gàidhlig.

Ar meòrachadh:

31. Tha ar plana a' gealltainn gun cùm sinn oirnn a' cleachdadh na Gàidhlig air na sianailean corporra againn.

CL	Bidh stuth sa Ghàidhlig agus mu dheidhinn na Gàidhlig a' nochdadh gu tric air sianail corporra Twitter agus air sianailean nam meadhanan sòisealta eile aig a' Phàrlamaid
----	---

32. Nì sinn co-chomhairle le luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thaobh susbaint agus cruth na làraich-lìn agus stuthan-conaltraidh a rèir ar geallaidh sa phlana. Nì sinn cinnteach gun tèid co-chomhairle a chumail ris gach roinn de choimhearsnachd na Gàidhlig.

14	A rèir ro-innleachd susbaint agus feumalachdan luchd-cleachdaidh a tha na bhunait dha, nithear co-chomhairle le coimhearsnachd na Gàidhlig mun dòigh as fheàrr air naidheachdan is fiosrachadh mun Phàrlamaid a chur an cèill a fhreagras air na feumalachdan aca. Stèidhichte air a' cho-chomhairle seo, cruthaichidh sinn stuthan-conaltraidh ùra airson coimhearsnachd na Gàidhlig anns am bi naidheachdan mu chuspairean leithid ghnothaichean pàrlamaideach, tachartasan agus conaltradh. Thèid co-dhùnadh air an dearbh shusbaint agus cruth ann an co-chomhairle leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Gabhaidh seo àite eadar-theangachaidh air a h-uile fios-naidheachd leis an amas naidheachdan is fiosrachadh a chur ann an cruth nas tarraingiche air am bi fèill nas motha. Nì sinn ath-bhreithneachadh cuideachd air na tairgsean air-loidhne a th' ann an-dràsta – m. e. duilleagan-lìn, blog agus meadhanan sòisealta, gus faighinn a-mach dè an t-susbaint, na cruthan agus na sianailean as fheàrr a ruigeas Coimhearsnachd na Gàidhlig. Bithear a' cumail sùil air sianailean gus dèanamh cinnteach gu bheil an solar a rèir ar prìomhachasan
----	--

agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' ruigsinn na coimhearsnachd.
--

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh corpas* (sin, an stòr cànanain a thathar a' cleachdadh)?

* corpas (sin, an stòr cànanain a thathar a' cleachdadh – faclan, fuaimean, gnàthasan-cainnte agus structaran cànanain)

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	69	55.5%
Ag aontachadh	26	21%
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	6	5%
Chan eil mi ag aontachadh	2	2%
Chan eil mi ag aontachadh idir	18	14.5%
Cha deach seo a fhreagairt	3	2%

Beachd air ais:

33. Bha taic làidir ann don raon seo le 76.5% ag aontachadh neo ag aontachadh gu mòr.
34. Thogadh gu tric cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach à pongalachd, cunbhalachd agus soilleireachd.
35. Thog grunn luchd-freagairt a' cheist mu bhith a' dèanamh cinnteach gun robh planadh corpais air a chothromachadh gus am biodh e furasta a thuigsinn, gus cus 'Beurlachas' (buaidh na Beurla) a sheachnadh agus nach eil e air a' toirt buaidh air iomadachd dualchainntean na Gàidhlig.
36. Thog cuid de luchd-freagairt dragh gun robhas a' cleachdadh Eadar-theangachadh le Taic Coimpiutaireachd (CAT), tha sinn den bheachd gun robh iad a' tuigsinn gur e Eadar-theangachadh Inneil a bha seo. Bha dragh air an luchd-fhreagairt seo gun robh BCPA a' moladh Eadar-theangachadh Inneil (leithid Google translate) a chleachdadh seach eadar-theangairean proifeasanta agus bha dragh orra a thaobh càileachd agus a thaobh obair eadar-theangairean. Chan e eadar-theangachadh inneil a bhios sinne a' cleachdadh – bidh sinn a' fastadh dhaoine gus eadar-theangachadh a dhèanamh. Chan e eadar-theangachadh inneil a th' ann an eadar-theangachadh le taic coimpiutair (CAT) agus bidh e a' cuideachadh eadar-theangairean daonna sa phròiseas eadar-theangachaidh. Mar eisimpleir, bidh e a' cumail susbaint a chaidh eadar-theangachadh mar-thà airson ath-chleachdadh agus a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd.
37. A thaobh Eadar-theangachadh Inneil, thuirt cuid gum bu choir a dhèanamh soilleir do luchd-obrach ann an stiùireadh air cleachdadh na Gàidhlig nach eil eadar-theangachadh inneil na roghainn eile seach eadar-theangachadh àbhaisteach agus nach bu chòir a chleachdadh idir airson cùisean leithid sgrìobhadh litrichean, teacsa cuairt-litreach no soidhnichean leis cho buailteach 's a tha e do mhearachdan agus mì-thuigse.
38. Mhol Oilthigh Dhùn Èideann dhuinn pàirt a ghabhail anns a' phròiseact aca air [modal dàta AI mòr](#) a chruthachadh airson fo-thiotalan Gàidhlig fèin-obrachail a dhèanamh, le bhith a' toirt seachad lethbhreac de theacsaichean Gàidhlig poblach a dh'fhoillsich a' Phàrlamaid.

39. Mhol aon neach-freagairt tachartas a chumail airson luchd-obrach, buill agus an luchd-obrach le [Ainmean-àite na h-Alba](#) (buidheann eòlaichean ainmean-àite oifigeil na Gàidhlig) mu ainmean-àite, leithid ainmean roinnean-pàrlamaid agus mothachadh a thogail.
40. Bha cuid de bheachdan bhon fheadhainn a bha an aghaidh na h-earrainn seo a' gabhail a-steach beachdan air a' chosgais a dh'fhaodadh a bhith ann ach na bu chumanta bha beachdan a' càineadh a' chànain fhèin leithid "chan urrainnear innse cho gòrach 's a tha am beachd seo", "tha a' mhòr-chuid de chànain an 21mh linn nach eil aca sa Ghàidhlig ann".

Ar meòrachadh:

41. Tha sinn ag aontachadh gum bu chòir tuigse shoilleir, pongalachd agus cunbhalachd cànan a bhith aig cridhe planadh corpais, gum bu chòir cleachdadh neo-riatanach de dh'fhaclan Beurla no iasadan bho ghnàthasan-cainnte Beurla a sheachnadh agus nach bu chòir planadh corpais droch bhuaidh a thoirt air iomadachd dualchainnte.
42. Bhiodh sinn toilichte pàirt a ghabhail ann am pròiseact Oilthigh Dhùn Èideann. Tha sinn den bheachd gum faod seo a bhith mar phàirt de ghealladh 32 againn. Nuair a bhios barrachd fios againn seallaidh sinn ri prìomhachasadh a' gheallaidh seo:

3	Rannsaich an gabh susbaint Ghàidhlig na h-Aithisg Oifigeil a thasgadh ann an tasglannan Gàidhlig iomchaidh.
---	---

43. Rannsaichidh sinn an gabhadh tachartas a chumail le *Ainmean-àite na h-Alba* agus faodaidh sinn beachdachadh air tachartas còmhla riutha tro ar n-obair air gealladh 30 agus an cleachdadh làithreach:

CL	Bidh BCPA a' cleachdadh riochd nan ainmean-àite a bhios <i>Ainmean-àite na h-Alba</i> a' moladh
CL	Bidh BCPA a' gabhail pàirt ann an obair <i>Ainmean-àite na h-Alba</i>
30	Iarraidh sinn air <i>Ainmean-àite na h-Alba</i> rannsachadh a dhèanamh air riochd ceart Gàidhlig ainmean-àite a tha a' nochdadh ann am foillseachaidhean meadhanan sòisealta pàrlamaideach nach eil fhathast ann an stòr-dàta ainmean-àite na Gàidhlig.

44. Cuiridh sinn comhairle agus stiùireadh air cleachdadh agus cuingealachadh eadar-theangachadh inneil ri ar stiùireadh eadra-lìon agus Ceistean Cumanta air Gàidhlig a tha a' nochdadh sa phlana. Tha seo a' ceangal ri gealladh 22 agus cleachdadh làithreach a' phlana.

22	Ullaich Ceistean Cumanta mun Ghàidhlig, agus mun Ghàidhlig sa Phàrlamaid airson an cleachdadh a-staigh agus a-muigh.
CL	Foillsich an taic a tha ri faotainn do Bhuill tro sgeama Cuibhreann Bhall airson eadar-theangachadh Gàidhlig. Ullaich comhairle do Bhuill mu bhith a' lorg eadar-theangachadh. Leasaich stòras de dh'abairtean Gàidhlig cumanta agus dèan teamplaidean a dh'fhaodadh BPA a chleachdadh le abairtean Gàidhlig orra air postairean airson fhreastal-lannan, sanasan, cuairt-litrichean, cairtean twitter agus aithisgean bliadhna aig BPA.

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh àbhaisteachadh?

	Àireamh	% (toraidhean cruinn suas/sios gu h-iomlan 99%)
Ag aontachadh gu mòr	67	54
Ag aontachadh	27	22
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	5	4
Chan eil mi ag aontachadh	3	2
Chan eil mi ag aontachadh idir	19	15
Cha deach seo a fhreagairt	3	2

Beachd air ais:

45. Bha taic làidir ann don raon seo le 76% ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr. Thog mòran cho cudromach 's a bha e Gàidhlig àbhaisteachadh san fharsaingeachd. Mar eisimpleir, thuit aon neach-fhreagairt:

“Feumaidh muinntir na h-Alba fàs cleachdte ri Ghàidhlig a leughadh, a chluinntinn, fhaicinn. Nuair a bhios an cànan a' faireachdainn àbhaisteach, bidh ùidh nas motha ann air a shon.”

46. Thuit aon bhuidheann a fhreagair:

“Tha sinn a' moladh ge-tà, fhad 's a tha sinn ag atharrachadh Buidheann-obrach na Gàidhlig gu lìonra foirmeil iomadachd agus in-ghabhail, gum bi e cudromach fòcas a chumail air a' Ghàidhlig agus na geallaidhean sa phlana.”

47. Shaoil cuid den luchd-fhreagairt nach robh an earrann seo soilleir gu leòr agus nach robh i ag àbhaisteachadh a' chànain gu leòr. Thuit cuid eile nach biodh am plana ag àbhaisteachadh na Gàidhlig mura biodh e air a làn bhuileachadh agus chomharraich iad cho cudromach 's a tha e seo a dhèanamh.

Ar meòrachadh:

48. Tha sinn dealasach a thaobh Gàidhlig àbhaisteachadh.

49. Tha sinn a' faicinn an lìonra iomadachd is In-ghabhail Chànanan mar dhòigh air deagh chleachdadh a cho-roinn agus air co-obrachadh a choileanadh eadar Gàidhlig, BSL agus cànanan eile, agus tha sinn a' faicinn seo mar leasachadh air ar fòcas air Gàidhlig seach a bhith ga lùghdachadh, a rèir ar gealladh làithreach:

34	Ann am PG3 thuit sinn: Bidh a' Bhuidheann-obrach Ghàidhlig a' buileachadh a' Phlana Ghàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh ann an obair na Pàrlamaid. Rè beatha a' phlana, feuchaidh sinn ris a' Bhuidheann-obrach Ghàidhlig làithreach atharrachadh gu lìonra iomadachd is in-ghabhail foirmeil gus a' Ghàidhlig fhisge a-steach nar smaoineachadh corporra air co-
----	--

	ionannachd. Tha sinn ag ath-bhreithneachadh air an dòigh as fheàrr air seo a thoirt air adhart stèidhichte air obair haidhbrid agus co-theacs cànanain nas fharsainghe. Tha sinn a' rannsachadh Lìonra Chànanan a stèidheachadh a' gabhail a-steach Gàidhlig, BSL agus cànanan eile.
--	--

Ceist: A bheil thu ag aontachadh ri geallaidhean na Pàrlamaid a thaobh ghnòthaichean pàrlamaideach?

	Àireamh	%
Ag aontachadh gu mòr	62	50
Ag aontachadh	25	20
Chan eil mi ag aontachadh no a' dol nan aghaidh	10	8
Chan eil mi ag aontachadh	3	2
Chan eil mi ag aontachadh idir	22	18
Cha deach seo a fhreagairt	3	2

Beachd air ais:

50. Bha taic làidir ann don raon seo le 70% ag aontachadh no ag aontachadh gu mòr.
51. Shaoil mòran den luchd-fhreagairt gu bheil cleachdadh na Gàidhlig ann an Gnothach na Pàrlamaid deatamach airson inbhe agus faicsinneachd a' chànanain agus airson luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gus a cleachdadh. Bha mòran bheachdan ann mu cho ainneamh 's a bhathas a' cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothaichean chomataidhean agus bha miann soilleir am measg luchd-freagairt gun deigheadh a' Ghàidhlig a chleachdadh barrachd. Mar eisimpleir:

“Tha mi a’ smaoinneachadh gur e buannachd a th’ ann gum faicear Gàidhlig sa Phàrlamaid, gu h-àraidh nuair a thathar a’ gabhail òraid no a’ faighneachd ceist sa Ghàidhlig, a’ sealltainn gu bheil a’ Ghàidhlig na cànan beò agus làitheil.”

“Le bhith a’ faicinn riochdairean taghte a’ cleachdadh na Gàidhlig fàsaidh misneachd sa chànan, agus ma gheibh iad taic leis na taisbeanaidhean aca bidh sin na chuideachadh a bharrachd.”

“Tha iad [na gealltanasan plana] math ach gun teagamh bhiodh e math nan robh na buill a’ cleachdadh na Gàidhlig nas trice, gu h-àraidh an co-cheangal ri gnothaichean seach a’ Ghàidhlig fhèin.”

52. A thaobh gnothaichean na Pàrlamaid, chaidh a' cheist mu eadar-mhìneachadh agus cothrom fhaighinn air an-dràsta a thogail. Thug triùir luchd-freagairt, BPA nam measg, iomradh air a' ghainnead ghoireasan a th' ann an-dràsta gus eadar-mhìneachadh mar-aon fhaighinn ann an Gnothaichean Pàrlamaideach airson coinneamhan haidhbrid agus cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gum bi seo ri fhaighinn cho luath 's a ghabhas. Thuirt aon neach-freagairt gur e cùis shònraichte a bha seo do chomataidhean san robh Gàidhlig ga bruidhinn.

“Tha mi mothachail air cùisean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an-dràsta, nach urrainn do luchd-fianais bhiortail an fhianais aca a thoirt seachad sa Ghàidhlig ann an coinneamhan haidhbrid. Leis gu bheil tòrr sa chumantas eadar cò dh’fhaodadh a bhith airson fianais a thoirt seachad sa Ghàidhlig agus cò a gheibh buannachd bho choinneamhan haidhbrid, bu chòir dèiligeadh ri seo.”

53. Thog cuid de luchd-freagairt dragh cuideachd mun rabhadh a dh’fheumar gus Gàidhlig a labhairt.
54. Thogadh cuideachd cho cudromach ’s a tha e bhith a’ brosnachadh agus a’ dèanamh comasach Ceistean Pàrlamaideach (labhairteach is sgrìobhte) sa Ghàidhlig.
55. Mhol aon neach-freagairt gum faodte na h-Oifigearan Riaghlaidh a bhrosnachadh gus abairtean cumanta Gàidhlig no dà-chànanach a chleachdadh gus ìomhaigh a’ chànan a thogail:

“Eadar na buill sin aig a bheil ìre mhath de Ghàidhlig agus luchd-ionnsachaidh a tha a’ cleachdadh a’ chànan airson ceistean ro-sgrìobhte tha cothrom ann cleachdadh a’ chànan àrdachadh gu mòr san t-seòmar. Bheireadh seo piseach air inbhe agus faicsinneachd a’ chànan gu nàiseanta tro aithris. Anns an aon dòigh, bu chòir gum biodh e comasach do na h-Oifigearan Riaghlaidh Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt de na gnothaichean, gu h-àraidh anns na taobhan foirmeil den dreuchd aca. Tha iomadh seòmar ioma-chànanach san t-saoghal – tha mi a’ smaoineachadh gum biodh e buannachdail don Phàrlamaid sgrùdadh a choimiseanadh air dòighean-obrach agus deagh chleachdadh ann an àiteachan eile, le sùil ri dòigh-obrach nas fhor-ghnìomhaiche a chur an sàs airson àbhaisteachadh a’ chànan.”

56. Bha an fheadhainn nach robh taiceil don earrainn seo na aghaidh air adhbharan cosgais no thuir iad nach robh feum air, a’ comharrachadh nach robh ach àireamh bheag de BPA le comas sa Ghàidhlig.

Ar meòrachadh:

57. Ged as e cùis phearsanta a th’ ann an cleachdadh cànan le Buill agus leis a’ phoball ann an gnothaichean pàrlamaid, tha geallaidhean againn mar-thà anns a’ phlana a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil fios aig Buill agus am poball air cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean pàrlamaideach agus a thaobh a bhith a’ brosnachadh agus a’ cuideachadh a cleachdaidh gu for-ghnìomhach. Buinidh seo ri mòran dhleastanasan san Earrainn Ghnothaichean Pàrlamaideach ach gu sònraichte ris na leanas fon chleachdadh làithreach:

CL	Tog aire mu ghoireasan gus taic a thoirt do BhPA ann a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig (m. e. Abair Beagan agus Sgrìobh Beagan) tro chonaltradh cunbhalach ri BPA.
----	--

58. Tarraingidh sinn na molaidhean a thaobh abairtean cumanta gu aire oifis an Oifigeir Riaghlaidh agus beachdaichidh sinn air a’ phàirt seo den chleachdadh làithreach, mar a chithear ann am paragraf 57.

59. Rannsaichidh sinn mar a bhios reachdadaireachdan eile a' cleachdadh chànanan eile seach Beurla airson ar cleachdadh fhiosrachadh. Tha seo sna geallaidhean againn mu thràth.

13	<p>Gus lionraidhean a leasachadh, deagh chleachdadh iomlaid agus piseach leantainneach a thoirt gu buil, bidh an sgioba:</p> <ul style="list-style-type: none">• Ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh ann an reachdadaireachdan eile co-cheangailte ri solar cànan, m. e. Senedd Cymru, Seanadh Èireann a Tuath.
----	---

60. Tha stèidheachadh bun-structair gus eadar-mhìneachadh mar-aon a dhèanamh aig gnothaichean comataidh agus seòmair haidhbrid sa phlana mar-thà agus thathar an dùil a chur an gnìomh anns an dàrna leth de 2023.

35	<p>Tha Pàrlamaid na h-Alba air uidheamachd eadar-mhìneachaidh mar-aon a chur a-steach san t-Seòmar agus ann an dà sheòmar comataidh gus eadar-mhìneachadh a dhèanamh comasach.</p> <p>Tha coinneamhan haidhbrid air dùbhlain teicnigeach adhbharachadh a thaobh eadar-mhìneachadh a lìbhrigeadh airson choinneamhan den t-seòrsa seo. Ach, tha dealas aig a' Phàrlamaid airson dèanamh cinnteach gu bheil eadar-mhìneachadh na Gàidhlig air a chomasachadh ann an gnothaichean na Pàrlamaid.</p> <p>Rè ùine a' phlana seo bidh sinn:</p> <ul style="list-style-type: none">• A' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-mhìneachadh Gàidhlig freagarrach do bhuill a' gabhail pàirt air astar ann an coinneamhan haidhbrid.• A' rannsachadh dhòighean air eadar-mhìneachadh Gàidhlig a thoirt seachad airson coinneamhan comataidh haidhbrid.• A' dèanadh sgrùdadh air comasachd eadar-mhìneachadh air astar a chleachdadh airson gnothaichean na Pàrlamaid.
----	---

61. A thaobh rabhadh, bidh sinn an-còmhnaidh a' feuchainn ri bhith cho taiceil 's a ghabhas ri iarrtasan agus Gàidhlig labhairteach a chleachdadh agus feuchaidh sinn ri gach iarrtas a choileanadh. Ach, tha glè bheag de dh'eadar-mhìnearan Gàidhlig ann, gu h-àraidh air a' Ghalltachd, agus tha seo na adhbhar bacaidh agus mar sin feumaidh sinn uiread rabhaidh 's a ghabhas iarraidh. Tha sinn an dòchas, le eadar-mhìneachadh air astar air a dhèanamh nas fhasa sa chiad bhliadhna den Phlana Ghàidhlig, gun tèid an àireamh de dh'eadar-mhìnearan a bhios rim faotainn an-àird leis nach fheum iad obair air an làraich. Tha sinn a' faireachdainn gu bheil gealladh 35 a' dèiligeadh ris a' phuing seo.

Beachdan san fharsaingeachd:

62. Thug a' cheist mu dheireadh cothrom do luchd-freagairt beachd a thoirt air a' phlana san fharsaingeachd. Fhuair sinn mòran bheachdan taiceil mun phlana, leithid

“Tha sinn airson meal a naidheachd a chur air Pàrlamaid na h-Alba airson plana soilleir, làidir, le amasan is clàran-ama a ghabhas coileanadh. Tha e follaiseach cuideachd gu bheil dealas làidir aig a’ Phàrlamaid gus Gàidhlig a chleachdadh agus àrdachadh cho mòr ’s as urrainn anns a h-obair làitheil, agus gu bheil am Plana dha-rìribh a’ togail air na trì planaichean cànan a chaidh a chur an gnìomh ron seo. Mealaibh ur naidheachd a-rithist!” (Sgioba Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar).

“Do bhuidheann phoblach sam bith a tha ag ullachadh airson am Plana Gàidhlig aca a sgrìobhadh, ’s e fìor dheagh eisimpleir a tha seo de Phlana a tha a’ meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig agus cuideachd a’ brosnachadh deagh ìomhaigh den chànan. Tha e soilleir gu bheil e a’ coileanadh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Mu dheireadh, bu chòir oifigearan BCPA a mholadh airson mar a tha iad a’ libhrigeadh deagh sheirbheisean Gàidhlig agus airson an cuid obrach ann a bhith a’ leasachadh a’ Phlana seo.” (Comhairle Baile Ghlaschu).

63. Chaidh iomradh a thoirt gu tric air luach nan geallaidhean a thaobh co-obrachadh, gu sònraichte leis na buidhnean a fhreagair.
64. Thogadh gu tric cuideachd cho cudromach ’s a tha solar do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh a-staigh agus taobh a-muigh na Pàrlamaid.
65. Den chòrr de na beachdan, bha a’ mhòr-chuid co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig taobh a-muigh raon plana Gàidhlig BCPA.
66. Thuir an fheadhainn a bha an aghaidh a’ phlana nach robh feum ann no nach e cleachdadh math de stòras a bh’ ann. Thuir aon neach-freagairt gu bheilear “a’ cleachdadh a’ chànan gus leth-bhreith a dhèanamh an aghaidh luchd na Beurla.” B’ e puing a chaidh a thogail an seo agus ann an àiteachan eile san t-suirbhidh gu bheil brosnachadh na Gàidhlig na chùis pàrtaidh poilitigeach agus mar sin gu bheil plana Gàidhlig BCPA neo-iomchaidh.

Ar meòrachadh:

67. A thaobh nam beachdan a chaidh a thoirt seachad air stòrasan, tha ar plana ag ràdh “gum bi na gnìomhan sa Phlana air am maoinachadh bho bhuidseatan làithreach BCPA.”
68. A thaobh a’ bheachd gur e gnìomh pàrtaidh poilitigeach an th’ ann am brosnachadh na Gàidhlig, tha Plana Gàidhlig BCPA na dhleastanas reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chaidh aontachadh gu h-aon-ghuthach le taic thar-phàrtaidh.

Nota air farsaingeachd nam Freagairtean:

69. Thug mòran de na freagairtean don cheist seo agus tron t-suirbhidh iomradh air leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd no air iomairtean Gàidhlig le buidhnean poblach eile seach air cùisean ann an raon-ùghdarras BCPA. Gu sònraichte, thug mòran iomradh air poileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba no ùghdarrasan ionadail leithid air foghlam, còmhdhail sgoile agus solar do luchd-ionnsachaidh agus cuideachd air cùisean sòisio-eaconamach nas fharsainge a’ toirt buaidh air coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta agus freagairtean an riaghaltas dhaibh sin.
70. Bha seo gu sònraichte fìor airson beachdan bhon fheadhainn a bha ann am prionnsabal an aghaidh leasachadh na Gàidhlig agus/no caiteachas air a’

Ghàidhlig, le mòran dhiubh a' toirt iomradh air raointean leithid soidhnichean-rathaid agus carbadan seirbheis-èiginn.

71. Bha an fheadhainn a bha an aghaidh leasachadh na Gàidhlig agus/no caiteachas air a' Ghàidhlig cuideachd buailteach seo a chur an cèill san fharsaingeachd seach a bhith a' toirt iomradh mionaideach air susbaint Plana Gàidhlig BCPA.